

--	--	--	--	--	--

Total

--

**1220/402**

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2009

DIHAOINE, 29 CÈITEAN  
9.55 AM–10.35 AM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Meadhan Ìre  
Leughadh

**Lion na bogsachean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-iosal**

Lànn ainm na sgoile no na colaise

--

Baile

--

Ciad aimm(ean)

--

Sloinneadh

--

Là breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oiléanaich

--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Leugh gach earrann gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa  no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraighean air fad a chall.**

**Tha Earrann A agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.**

**Tha Earrann B agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.**



**EARRANN A**

Tha Eilean Khodiak ann an ceann a deas Alasga, mu dhà cheud mìle deas air Anchorage, am baile as mothà anns an stàit. 'S e àite sònraighe a th' ann – eilean garbh, iomallach. 'S e seo an dàrna eilean as mothà anns na Stàitean Aonaichte, às dèidh Eilean Hawaii. Tha ceud gu leth mìle de dh'fhaid ann agus leth-cheud mile de leud. Ach, tha a' chuid mhòr de na daoine a' fuireach ann am bailtean faisg air a' mhuir, car coltach ris a' Ghàidhealtachd. 'S ann air bàta-aiseig no plèana a-mhàin a bhios tu a' siubhal dhan eilean.

'S e na Koniag a chanar ri muinntir an àite. Tha iad air a bhith a' fuireach an seo o chionn ùine mhòr. Tha an cànan aca, car coltach ri Gàidhlig fhèin, ann an cunnart a dhol à bith. Thatagar a ràdh nach eil a-nise ach leth-cheud duine a bhruidhneas i ach bha i beò fallain aig toiseach an fhicheadamh linn. 'S dòcha gur e rabhadh a tha sin do luchd na Gàidhlig! Tha adhbharan sònraighe ann airson seo. Mar a thachair ann an iomadh àite eile, bha a' chlann a' dol gu sgoiltean fada air falbh bhon dachaigh, bhon chultar is bhon chànan agus bha e doirbh dhaibh grèim a chumail air an dòigh-beatha aca fhèin.

Ach o chionn beagan bhliadhnaichean, tha iad air a bhith a' toirt sùil air cleachdaidhean dhaoine eile – na Maoris gu h-àraidh. Tha na daoine seo air obair mhòr a dhèanamh ann a bhith a' sàbhaladh a' chànan aca fhèin. Tha iad coltach ri na Gàidheil cuideachd. Chuir iad cròileagain air chois air Eilean Khodiak dìreach mar a rinn sinne airson taic a thoirt dhan chànan.

**CEISTEAN**

- Càite a bheil Eilean Khodiak?

Ann an ceann a tuath Alasga	
Mu 200 mìle deas air Anchorage, Alasga	
Mu 2000 mìle deas air Anchorage, Alasga	

- Cò ris a tha an t-eilean coltach?

---



---



---

1

3

3. Dè cho mòr 's a tha an t-eilean an coimeas ri eileanan eile anns na Stàitean Aonaichte?

---

---

2

4. Dè cho fada is cho leathann is a tha Eilean Khodiak?

---

---

2

5. Dè tha fior mu na bailtean?

---

1

6. Ciamar a bhios daoine a' siubhal dhan eilean?

---

---

2

7. Dè thathar ag radh mu chànan nan Koniag a tha a' fuireach air an eilean?

---

---

2

8. Cia mheud duine a tha ann a-nise a bhruidhneas cànan nan Koniag?

---

1

**[Tha ceist 9, 10 agus 11 air duilleag a ceithir]**

9. Carson a bha e doirbh dhan chloinn grèim a chumail air an dòigh-beatha aca fhèin?

---

---

---

3

10. Carson a tha iad air a bhith a' coimhead air dòighean nam Maori o chionn ghoirid?

---

---

2

11. Carson a chaidh cròileagain a stèidheachadh air an eilean?

---

1

(20)

[Tha Earrann B air duilleagan 5, 6 agus 7]

## EARRANN B

Tha muinntir an eilein a' tighinn beò air biadh às an eilean agus às a' mhuir a tha mu thimcheall. Tha an t-iasgach math an seo. Tha còig seòrsaichean bhradan ann. Tha muinntir an àite fhèin gu h-àraidh measail air *coho* – bradan mòr, làidir agus ma gheibh thu fear air dubhan, tha sabaid chruaidh romhad. Ach ma tha thu soirbheachail, tha an fheòil cho blasta 's a ghabhas is lìonaidh i brù acrach. Thathar a' moladh gum biodh an t-iasg seo air a bhruich air teine fosgailte faisg air a' chladach.

Tha beathaichean de gach seòrsa air Eilean Khodiak. Tha an t-àite a' freagradh gu sònraichte air fiadh, gobhar, agus sionnach. Ach 's e am mathan rìgh nam beathach air an eilean seo. Tha an fheadhainn fhireann an dà chuid trom agus gionach, ach chan ann tric a bheir iad ionnsaigh air duine. Chan eil sin a' ciallachadh nach bu chòir dhut a bhith faiceallach!

Bha sgeul ann mu dhithis a bha uair a' sealg nam fiadh a-muigh anns na beanntan. Bha càmpa aca. Aon latha nuair a thill iad chun na càmpa bha mathan air sgrios mòr a dhèanamh air a' chàmpa – àirneis, aodach, teant, pocannan-cadail agus biadh uile air a mhilleadh. Cha b' e sin deireadh na sgeòil ge-tà. Bha acras mòr orra agus bha iad air an lathadh leis an fluachd. Bha aca ri feitheamh dà oidhche eile mus tigeadh am plèana a bha a' tighinn dhan iarraidh. Ach bha faochadh ann dhaibh. Bha iad air leth taingeil nach do thadhail am mathan nuair a bha iad aig a' chàmpa!

## CEISTEAN

1. Ciamar tha muinntir an eilein a' tighinn beò?

---

---

2

2. Cia mheud seòrsa de bhradan a tha ri fhaighinn?

---

1

3. Dè thachras ma gheibh thu *coho* air dubhan?

---

1

4. Cò ris a tha feòil *coho* coltach?

---

---

2

5. Ciamaid a bu chòir *coho* a bhith air a bhruich?

---

---

2

6. Ainmich trì beathaichean a tha a' fuireach air an eilean.

---

---

---

3

7. Dè thathar ag radh mu mhathan fireann?

---

---

2

8. Dè bha na fireannaich anns an sgeulachd a' dèanamh?

---

1

9. Dè an staid anns an robh na sealgairean?

---

---

2

**[Tha ceist 10 agus 11 air duilleag a seachd]**

10. Dè rinn an suidheachadh gu h-àraidh doirbh dhaibh?

---

---

2

11. Dè dh'fhàg na fir cho taingeil?

---

---

2

(20)

[40]

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

--	--	--	--	--	--

--

Total Mark

**1220/406**TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2009DIHAOINE, 29 CÈITEAN  
3.00 PM – 3.30 PM

**GÀIDHLIG**  
 An Ìre Choitcheann  
 Meadhan Ìre  
 Èisteachd (Ceistean)

**Lion na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhте gu h-íosal**

Lànn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm (ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oiléanaich

--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Tha dà earrann anns an deuchainn.

**Earrann A**

Èist ris an earrainn.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an dà phàirt, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharrach bogsa  no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.**Earrann B**

Cluinnidh tu an earrann dà thuras.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharrach bogsa  no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharrайдhean air fad a chall.**



## CEISTEAN

### Earrann A

#### Pàirt I

1. (a) Carson a tha muinntir an taigh-òsta toilichte?

---

1

(b) Dè an dòchas a tha aca?

---

---

2

2. Cuin a chaidh an caisteal a thogail?

o chionn ceud bliadhna	
o chionn ceathrad bliadhna	
o chionn dà cheud bliadhna	

1

3. Ciamar a b' urrainn don Diùc an caisteal a chumail gu math?

---

1

4. Dè bha air tachairt dhan chaisteal tro na bliadhnanachan?

---

1

5. Dè tha a' sealltainn gun robh an caisteal ann an droch staid fichead bliadhna air ais?

---

---

---

3

## Pàirt II

6. Dè chaidh a chosg air an togalach?

---

1

7. Dè cho fada 's a thug an obair?

---

1

8. Tha an caisteal an-diugh na dhà phàirt. Dè an dà phàirt a tha sin?

---

---

2

9. Ciamar a tha fios againn gu bheil an taigh-òsta air a bhith soirbheachail?

---

---

---

3

10. Cò às a thig an luchd-tadhail?

às an Roinn Eòrpa a-mhàin	
às gach àite san t-saoghal	
à Breatainn a-mhàin	

1

11. (a) Dè chosgas oidhche ann an *Seòmar an Diùc*?

---

1

(b) Ainmich dà sheòrsa de dhaoine a tha air fuireach anns an rùm seo.

---

---

2

[20]

**[Tionndaidh an duilleag]**

**Earrann B**

1. Carson nach bi feum aig luchd-tadhail air airgead san taigh-òsta?

---

---

---

3

2. Cuin a tha bracaist ann?

---

1

3. Carson nach bi mòran de luchd-tadhail an taigh-òsta ga fhàgail tron latha?

---

---

2

4. Dè na goireasan a tha anns an Ionad Chur-seachad?

---

---

---

3

5. Dè an rud sònraichte a chithear anns an leabharlann?

---

---

2

6. (a) Dè bhitheas a' tachairt an dèidh dinnear?

---

1

- (b) Càit am bi e a' gabhail àite?

---

1

7. (a) Cuin a bhitheas feadhainn a' lorg taibhse an Diùc?

---

1

(b) Càit am bi iad a' dèanamh seo?

---

---

2

8. Dè tha mun cuairt air a' chaisteal?

---

---

2

9. Dè tha air a ràdh mun abhainn?

---

---

2

(20)

[40]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**1220/407**

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2009

DIHAOINE, 29 CÈITEAN  
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Meadhan Ìre  
Èisteachd (Earrann)

**Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.**

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately  $2\frac{1}{2}$  minutes.)

## EARRANN A

Tha buidheann de luchd-turais air tighinn gu *Caisteal a' Ghlinne*, seann chaisteach air a' Ghàidhealtachd. Cluinnidh iad am fiosrachadh a leanas:

### Pàirt I

Fàilte oirbh gu *Caisteal a' Ghlinne*. 'S mise Coinneach Friseal. 'S ann leam fhèin agus le mo bhean a tha an caisteach seo. Tha sinn air leth toilichte gu bheil sibh air tighinn an seo. Tha sinn làn chinnteach gun còrd na làithean a bhitheas agaibh an seo gu mòr ribh.

Chaidh an caisteach a thogail o chionn dà cheud bliadhna le Diùc a' Ghlinne Mhòir. Bha esan uabhasach beairteach agus b' urrainn dha an caisteach a chumail ann an deagh staid. Ach, gu mi-fhortanach, thòisich an caisteach air tuiteam às a chèile mar a chaidh na bliadhna chan seachad. Cha robh na daoine a thàinig às dèidh an Diùc ga chàradh mar bu chòir. Nuair a cheannaich sinn fhèin e mu fhichead bliadhna air ais bha na h-uinneagan gu lèir briste, bha na dorsan grod agus dh'fheumadh mullach ùr a bhith air a chur air.

### Pàirt II

Thàinig oirnn deich millean nota a chosg air an togalach gus a thoirt suas chun na h-ìre anns a bheil e an-diugh. Thug an obair seo ceithir bliadhna. Dh'fhàg sinn pàirt den chaisteach coltach ri mar a bha e o chionn dà cheud bliadhna air ais ach rinn sinn an àird a' phàirt eile mar thaigh-òsta. 'S ann an sin a bhios sibhse a' fuireach.

Chaidh pàirt den chaisteach fosgladh mar thaigh-òsta. Tha e air a bhith loma-làn le luchd-tadhail a h-uile oidhche. Tha iad air a bhith a' tighinn às gach ceàrnaidh den t-saoghal. Mar a bhitheas fios agaibh, tha diofar chosgaisean air na rùmannan a tha sa chaisteach. 'S e *Seòmar an Diùc* an rùm as daoire a tha ann agus tha e a' cosg mile not airson oidhche. Tha iomadh actar ainmeil, iomadh seinneadair agus iomadh cluicheadair ball-coise air fuireach an sin.

\* \* \*

**(After a gap of 2 minutes, read Parts I and II and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)**

### Pàirt I

Fàilte oirbh gu *Caisteal a' Ghlinne*. 'S mise Coinneach Friseal. 'S ann leam fhèin agus le mo bhean a tha an caisteach seo. Tha sinn air leth toilichte gu bheil sibh air tighinn an seo. Tha sinn làn chinnteach gun còrd na làithean a bhitheas agaibh an seo gu mòr ribh.

Chaidh an caisteach a thogail o chionn dà cheud bliadhna le Diùc a' Ghlinne Mhòir. Bha esan uabhasach beairteach agus b' urrainn dha an caisteach a chumail ann an deagh staid. Ach, gu mi-fhortanach, thòisich an caisteach air tuiteam às a chèile mar a chaidh na bliadhna chan seachad. Cha robh na daoine a thàinig às dèidh an Diùc ga chàradh mar bu chòir. Nuair a cheannaich sinn fhèin e mu fhichead bliadhna air ais bha na h-uinneagan gu lèir briste, bha na dorsan grod agus dh'fheumadh mullach ùr a bhith air a chur air.

(10 seconds)

## CEISTEAN

1. (a) Carson a tha muinntir an taigh-òsta toilichte?

(30 seconds)

(b) Dè an dòchas a tha aca?

(30 seconds)

2. Cuin a chaidh an caisteal a thogail?

o chionn ceud bliadhna, no

o chionn ceathrad bliadhna, no

o chionn dà cheud bliadhna

(30 seconds)

3. Ciamar a b' urrainn don Diùc an caisteal a chumail gu math?

(30 seconds)

4. Dè bha air tachairt dhan chaisteal tro na bliadhnanachan?

(30 seconds)

5. Dè tha a' sealltainn gun robh an caisteal ann an droch staid fichead bliadhna air ais?

(30 seconds)

## Pàirt II

Thàinig oirnn deich millean nota a chosg air an togalach gus a thoirt suas chun na h-ìre anns a bheil e an-diugh. Thug an obair seo ceithir bliadhna. Dh'fhág sinn pàirt den chaisteal coltach ri mar a bha e o chionn dà cheud bliadhna air ais ach rinn sinn an àird a' phàirt eile mar thaigh-òsta. 'S ann an sin a bhios sibhse a' fuireach.

Chaidh pàirt den chaisteal fhosgladh mar thaigh-òsta. Tha e air a bhith loma-làn le luchd-tadhail a h-uile oidhche. Tha iad air a bhith a' tighinn às gach ceàrnaidh den t-saoghal. Mar a bhitheas fios agaibh, tha diofar chosgaisean air na rùmannan a tha sa chaisteal. 'S e *Seòmar an Diùc* an rùm as daoire a tha ann agus tha e a' cosg mìle not airson oidhche. Tha iomadh actar ainmeil, iomadh seinneadair agus iomadh cluicheadair ball-coise air fuireach an sin.

(10 seconds)

[Tionndaidh an duilleag

## CEISTEAN

6. Dè chaidh a chosg air an togalach?

(30 seconds)

7. Dè cho fada 's a thug an obair?

(30 seconds)

8. Tha an caisteal an-diugh na dhà phàirt. Dè an dà phàirt a tha sin?

(30 seconds)

9. Ciamar a tha fios againn gu bheil an taigh-òsta air a bhith soirbheachail?

(30 seconds)

10. Cò às a thig an luchd-tadhail?

às an Roinn Eòrpa a-mhàin, no

às gach àite san t-saoghal, no

à Breatainn a-mhàin

(30 seconds)

11. (a) Dè chosgas oidhche ann an *Seòmar an Diùc*?

(30 seconds)

(b) Ainmich dà sheòrsa de dhaoine a tha air fuireach anns an rùm seo.

(30 seconds)

**Passage B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.**

**(The passage should be read in approximately 2 $\frac{1}{2}$  minutes.)**

## **EARRANN B**

### **Tha an luchd-turais a' faighinn tuilleadh fiosrachaidh.**

Mar a bhitheas fios agaibh, cha leig sibh a leas a bhith draghail mu phrìsean ann an *Caisteal a' Ghlinne*. Tha sibh air cosgais a' bhìdh agus a h-uile càil a tha ri dhèanamh anns a' chaisteal a phàigheadh mu thràth. Tha bracaist ri fhaighinn eadar seachd 's deich uairean sa mhadainn agus dinnear eadar sia 's ochd uairean feasgar.

Tha pailteas againn a chumas trang sibh an seo. Gu dearbh, 's e glè bheag de ar luchd-tadhail a bhitheas a' fàgail a' chaisteil 's an fhearrainn a tha mun cuairt air fhad 's a tha iad còmhla rinn. Am measg nan rudan a chòrdas ribh, tha an t-Ionad Chur-seachad. An sin, faodaidh sibh a dhol don amar-snàmh, chun a' bhalla-sreap, no don talla-spòrs. Anns an t-seann leabharlann, chì sibh leabhraichean a tha air a bhith an seo on a bha an Diùc fhèin beò.

Nuair a bhitheas an dinnear deiseil, bidh cèilidh air a chumail anns an talla mhòr, le sàr luchd-cluiche na sgìre cruinn còmhla air an àrd-ùrlar. Mur a h-eil sibh ro sgìth 's ro eagalach nuair a thig meadhan-oidhche, faodaidh sibh a thighinn air tòir taibhse an Diùc tro chùiltean caola, dorcha a' chaisteil.

A bharrachd air na tha ri dhèanamh a-staigh, tha faisg air trì cheud acaire de choille timcheall a' chaisteil agus na gàrraidhean àlainn a chunnaic sibh nuair a ràinig sibh. Faodaidh sibh na h-àiteachan seo a chleachdadh mar a thogras sibh. Faodaidh sibh cuideachd a bhith ag iasgach anns an abhainn. Ged nach eil i mòr, tha i làn bhradan.

[*CRÌOCH NAN EARRANN*]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**